



curraicealam airson sàr-mhathais:
nuadh-chànanan
eòlasan agus builean

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Nuadh-chànanan

Eòlasan agus builean

Tha ionnsachadh cànan ùr a' brosnachadh chloinne agus dhaoine òga gus sealladh nas fharsainge a ghabhail air an t-saoghal mar a tha iad ag ionnsachadh mun chànan agus mun chultar a tha co-cheangailte ris.

Trom ionnsachadh air cànan ùr tha mi:

- a' faighinn tuigse nas fheàrr air mo chiad chànan agus a' fàs mothachail air beairteas agus nàdar eadar-cheangailte chànanan
- a' cur ri mo thuigse agus mo thlachd a thaobh mo chultair fhìn agus cultaran eile agus a' faighinn sealladh air dòighean smaoinichaidh eile agus air an t-saoghal
- a' togail sgilean a tha a' còrdadh rium agus as urrainn dhomh a chleachdadh fad mo bheatha ann an obair agus ann an cur-seachadan.

Tha pàirt chudromach aig sgrùdadh cànan ann an ionnsachadh cànan sam bith agus ann an toirt air adhart sgilean litearrachd.

Tha mi a' toirt air adhart agus a' leudachadh mo sgilean litearrachd nuair a gheibh mi cothroman:

- conaltradh, co-obrachadh agus ceanglaichean a dhèanamh ri daoine eile
- beachdachadh air, agus mìneachadh mo sgilean litearrachd is smaoinichaidh, a' cleachdadh beachdan dhaoine eile gus mo chuideachadh a' fàs nas fheàrr agus a' toirt bheachdan feumail do dhaoine eile ann an dòigh chuideachail
- dol an sàs ann, agus a bhith a' cruthachadh, raon fharsaing de theacsaichean ann an diofar mheadhanan, a' dèanamh feum de na cothroman a tha ICT a' toirt seachad
- eòlas fhaighinn air na rudan a tha sònraichte, beòthail agus luachmhor nam chultar fhìn agus ann an cultaran eile agus an chànanan
- rannsachadh beairteas agus farsaingeachd chànanan, a' bhuidh a dh'fhaodas a bhith aig seo orm agus na diofar dhòighean san urrainn dhòmhsa agus do dhaoine eile a bhith cruthachail
- mo bhriathrachas a leudachadh agus a neartachadh tro èisteachd, labhairt, coimhead agus leughadh.

Èisteachd agus labhairt

	An dàrna	An treas	An ceathramh
Èisteachd airson fiosrachadh	<p>Tha mi a' faighinn eòlas air pàtrain agus fuaimean cànan tro òrain agus rannan agus a' sealltainn tuigse agus tlachd le bhith ag èisteachd, a' gabhail pàirt agus a' freagairt.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-01a</p> <p>Tha mi a' gabhail pàirt ann an gnìomhan làitheil sa chlas, a' tuigsinn stiùiridhean le taic o ghluasad-bodhaig agus o dhòigh-labhairt.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-01b</p> <p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn stiùireadh agus cànan o ghuthan agus ghoireasan air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-01c</p>	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn, cànan agus stiùiridhean air a bheil mi eòlach gu ìre mhòr agus a tha a' tighinn o dhiofar ghoireasan no dhaoine, far a bheil na seantansan nas fhaide agus far am faod barrachd air aon neach a bhith a' bruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-01a</p>	<p>'S urrainn dhomh èisteachd agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn cànan o dhiofar ghoireasan no dhaoine, nam measg luchd-labhairt nach aithne dhomh, far a bheil na seantansan nas iomadh-fhillte agus mi-àbhaisteach agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach agus cànan as aithne dhomh air a chleachdadh ann an suidheachaidhean ùra.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-01a</p>
Èisteachd agus bruidhinn ri daoine eile	<p>Tha mi a' rannsachadh mar a tha gluasad-bodhaig, dòigh-labhairt agus cuideam gan cleachdadh gus cuideachadh le tuigse.</p> <p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus freagairt a thoirt do ghuthan ann an còmhraidh goirid a tha a' leantainn pàtran àbhaisteach, a' cleachdadh cànan furasta agus dòighean neo-labhairteach mar a tha iomchaidh leithid gluasad-bodhaig agus glacadh-sùla.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-02a</p>	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine is am freagairt ann an còmhraidhean a tha gu ìre mhòr a' leantainn pàtran a tha àbhaisteach ach a tha nas fhaide, a' cleachdadh cànan air a bheil mi eòlach agus/no gluasadan is glacadh-sùla.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-02a</p>	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine eile is am freagairt, a' gabhail a-steach fhileantaich chuideachail, ann an còmhraidhean nas fhaide nach eil a' leantainn pàtran àbhaisteach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-02a</p>

Èisteachd agus labhairt (a' leantainn)

	An dàrna	An treas	An ceathramh
Èisteachd agus bruidhinn ri daoine eile (a' leantainn)	<p>Nuair a tha mi ag èisteachd is a' bruidhinn ri daoine eile, tha mi a' tuigsinn cuin as còir dhomh èisteachd agus cuin as còir dhomh bruidhinn. Tha mi ag ionnsachadh fhacail ùra a bhios mi a' cleachdadh airson fiosrachadh a thoirt seachad mum dheidhinn fhìn agus mu dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-03a</p>	<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean air an ullachadh ro-làimh, le bhith a' cleachdadh measgachadh de structaran cànan airson fiosrachadh, eòlasan agus beachdan a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh adhbharan simplidh a thoirt airson nam beachdan sin.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-03a</p>	<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail gu h-èifeachdach ann an còmhraidhean sa bheil fiosrachadh nas mionaidiche, a' cleachdadh raon farsaing de structaran cànan agus gnàthasan-cainnte Gàidhlig airson fiosrachadh, eòlasan, faireachdainn agus beachdan a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh adhbharan nas mionaidiche a thoirt airson mo bheachd.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-03a</p>
	<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean air an ullachadh ro-làimh, le bhith ag innse fiosrachadh mum dheidhinn fhìn, mu dhaoine eile no mu rudan anns a bheil ùidh agam, a' cleachdadh fhacail air a bheil mi eòlach agus structaran cànan simplidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-03b</p>		
	<p>'S urrainn dhomh cuideachadh iarraidh le misneachd, a' cleachdadh abairtean a dh'ionnsaich mi no cànan air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-04a</p>	<p>'S urrainn dhomh còmhradh a chumail a' dol le bhith ag iarraidh cuideachadh, ag iarraidh air daoine rud a ràdh a-rithist agus a' faighneachd cheistean simplidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-04a</p>	<p>'S urrainn dhomh còmhradh a thòiseachadh is a chumail a' dol le bhith, mar eisimpleir, a' faighneachd cheistean iomchaidh agus ag iarraidh cuideachadh mar a tha feum air.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-04a</p>
<p>Bidh mi a' feuchainn òrain agus rannan simplidh agus is toigh leam a bhith ag ionnsachadh còmhla ri daoine fhad 's a tha sinn a' bruidhinn is ag èisteachd còmhla.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-05a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail còmhla ri daoine ann an gnìomhan air a bheil mi eòlach, mar geamannan, còmhradh càraid agus dealbhan-cluiche beaga.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-05b</p>	<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an raon de gnìomhan còmhla ri daoine eile, leithid geamannan, còmhradh càraid agus dealbhan-cluiche simplidh le structar mu shuidheachaidhean a cheart dha-rìribh, gu h-àraidh ann an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh air a bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-05a</p>	<p>'S urrainn dhomh co-obrachadh ann an ullachadh agus ann an taisbeanadh dhealbhan-cluiche nas sgaoilte ann an raon farsaing de shuidheachaidhean creidsinneach stèidhichte san dùthaich agam fhìn agus ann an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-05a</p>	

Èisteachd agus labhairt (a' leantainn)

	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>A' cur òrdugh air agus a' cleachdadh fiosrachadh</p>	<p>'S urrainn dhomh taisbeanadh goirid a thoirt seachad mu chuspair air a bheil mi eòlach, a' cleachdadh cànan agus abairtean air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-06a</p> <p>Dh' obraich mi còmhla ri daoine eile, a' cleachdadh diofar mheadhanan mar ICT mar a bha sin iomchaidh, agus 's urrainn dhomh cur gu soirbheachail ri taisbeanadh ann am Beurla, le taic bhon chànan a tha mi ag ionnsachadh, mu chuspair a' buntainn ris an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-06b</p>	<p>Chuir mi gu soirbheachail ri buidheann airson òraidean goirid a phlanadh agus ullachadh anns a' chànan a tha mi ag ionnsachadh, mu chuspairean sa bheil ùidh agam no le ceangal ris an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-06a</p> <p>'S urrainn dhomh taisbeanadh a thoirt seachad leam fhìn sa chànan a tha mi ag ionnsachadh, a' cleachdadh diofar mheadhanan mar ICT mar a tha iomchaidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-06b</p>	<p>'S urrainn dhomh, a' cleachdadh diofar mheadhanan mar ICT far a bheil sin iomchaidh, mo thaisbeanadh fhìn a phlanadh, ullachadh agus a thoirt seachad anns a' chànan a tha mi ag ionnsachadh, mu chuspairean sa bheil ùidh phearsanta agam, no aig a bheil ceangal ris an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-06a</p>
<p>Cleachdadh eòlas air cànan</p>	<p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh agus ceanglaichean a rannsachadh eadar pàtrain fuaim ann an diofar chànanan tro chluiche, deasbad agus deuchainn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-07a</p> <p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus fuaimneachadh a chleachdadh airson dèanamh cinnteach gun tuig daoine eile mi nuair a bhios mi a' leughadh a-mach no a' ràdh fhacail, abairtean agus theacsaichean goirid air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-07b</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, air dòigh-labhairt agus air fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> dèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a tha mi a' fuaimneachadh fhacail agus abairtean air a bheil mi eòlach mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach mar a dh'fhuaimnicheas mi facail air nach eil mi eòlach teacsa goirid a leughadh a-mach gun mhearachd agus le misneachd. <p style="text-align: right;">MLAN 3-07a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, dòigh-labhairt agus fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> dèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a bhios mi a' fuaimneachadh fhacail agus abairtean air a bheil mi eòlach mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach, gun mhearachd agus le misneachd, mar a leughas mi a-mach teacsa air a bheil agus air nach eil mi eòlach. <p style="text-align: right;">MLAN 4-07a</p>

Leughadh			
	An dàrna	An treas	An ceathramh
Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh	Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsa a thuigsinn, a' cleachdadh ghoireasan iomchaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn le bhith a' maidseadh fhacail agus dhealbhan agus le bhith a' cur an teacsa air ais ri chèile ann an òrdugh rianail, mar eisimpleir. MLAN 2-08a	Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsa a thuigsinn, a' cleachdadh ghoireasan iomchaidh. 'S urrainn dhomh leughadh agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn theacsaichean nach eil cho sìmplidh anns a bheil facail air a bheil agus air nach eil mi eòlach. MLAN 3-08a	A' cleachdadh measgachadh de ghoireasan, 's urrainn dhomh leughadh, gun chuideachadh, teacsa le barrachd fiosrachaidh anns a bheil cànan nach eil cho sìmplidh leithid diofar thràthan, agus 's urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi ga thuigsinn. MLAN 4-08a
	'S urrainn dhomh leughadh agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn fhacail, shoidhnichean, abairtean agus theacsaichean sìmplidh anns a bheil cànan air a bheil mi eòlach gu ìre mhòr. MLAN 2-08b		

Leughadh (a' leantainn)			
	An dàrna	An treas	An ceathramh
Leughadh gus luach a chur air cultaran eile	Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean simplidh sa chànan a tha mi ag ionnsachadh a leughadh agus airson bruidhinn orra. 'S urrainn dhomh fiosrachadh simplidh a thoirt do dhaoine eile mu dhòigh-beatha nan dùthchannan far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn. MLAN 2-09a	Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sa chànan a tha mi ag ionnsachadh a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh sealltainn an t-eòlas a tha agam mu bheatha agus cultar ann an cuid de na dùthchannan far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn. MLAN 3-09a	Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sa chànan a tha mi ag ionnsachadh a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil eòlas agam air cultaran eadar-dhealaichte agus gu bheil mi a' tuigsinn gu bheil dòighean eadar-dhealaichte air coimhead air an t-saoghal anns na dùthchannan far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn. MLAN 4-09a
Leughadh airson ùidh agus tlachd	'S urrainn dhomh measgachadh de theacsaichean de dhiofar sheòrsaichean a thaghadh agus a leughadh gun strì, leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, nam measg neo-fhicsean, cunntasan goirid mac-meanmnach agus rosg is bàrdachd, 's dòcha air an atharrachadh. MLAN 2-10a	'S urrainn dhomh diofar theacsaichean a thaghadh agus a leughadh airson ùidh agus tlachd, a' gabhail a-steach theacsaichean mac-meanmnach a tha nas fhaide agus ann an diofar stoidhlichean, an dà chuid rosg agus bàrdachd, agus a tha 's dòcha air an atharrachadh gu ìre. MLAN 3-10a	'S urrainn dhomh taghadh agus leughadh airson ùidh agus tlachd raon de theacsaichean anns a bheil barrachd fiosrachaidh agus cànan nach eil cho simplidh, a' gabhail a-steach chunntasan mac-meanmnach, ann an rosg is bàrdachd, ann an cànan air a bheil agus air nach eil mi eòlach agus 's dòcha a chaidh atharrachadh gu ìre. MLAN 4-10a

Leughadh (a' leantainn)

	An dàrna	An treas	An ceathramh
Cleachdadh fiosrachadh mu chànan	<p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha faclair dà-chànanach ag obair agus 's urrainn dhomh a chleachdadh le cuideachadh. MLAN 2-11a</p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh agus ceanglaichean a rannsachadh eadar pàtrain litreachaidh ann am Beurla agus anns a' chànan a tha mi ag ionnsachadh. MLAN 2-11b</p> <p>Tha mi a' feuchainn a-mach cànan ùr, ag obrachadh a-mach brìgh fhacail agus abairtean, a' cleachdadh briathrachas a tha mi air ionnsachadh gu ruige seo. MLAN 2-11c</p> <p>'S urrainn dhomh feartan eile nam chànan fhìn aithneachadh agus bruidhinn orra, ann an dòigh a chuidicheas gus ciall a dhèanamh de fhacail sa chànan a tha mi ag ionnsachadh. MLAN 2-11d</p>	<p>'S urrainn dhomh faclair dà-chànanach a chleachdadh gu neo-eisimeileach airson mo chuideachadh a' tuigsinn cànan ùr. MLAN 3-11a</p> <p>Aithnichidh mi feartan fhacail sa chànan a tha mi ag ionnsachadh agus 's urrainn dhomh an cleachdadh gus facail agus na ceanglaichean eadar facail a thuigsinn. MLAN 3-11b</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus ro-innleachdan eile a chleachdadh airson mo chuideachadh a' tuigsinn agus a' sgrùdadh theacsaichean sa bheil barrachd fiosrachaidh agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach agus structaran nach eil cho sìmplidh. MLAN 4-11a</p>

Sgrìobhadh			
	An dàrna	An treas	An ceathramh
Cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh	Tha mi a' cleachdadh taic o dhaoine eile agus stuthan-taic iomchaidh dem roghainn fhìn airson mo chuideachadh le planadh mo sgrìobhadh ann an dòighean a bhios tarraingeach don leughadair, a' cleachdadh ICT nuair a tha sin iomchaidh. MLAN 2-12a / MLAN 3-12a / MLAN 4-12a		
	Tha cothroman agam mi fhìn a chur an cèill ann an sgrìobhadh, a' feuchainn a-mach fhacail agus abairtean agus a' cleachdadh ghoireasan-taic airson dèanamh cinnteach gu bheil mo sgrìobhadh a' dèanamh ciall. MLAN 2-13a	'S urrainn dhomh barrachd fiosrachaidh a chur ri chèile, ath-sgrìobhadh agus a thaisbeanadh mum dheidhinn fhìn agus mu dhaoine eile, mu rudan a thachair dhomh no mu chuspair dem roghainn fhìn, airson adhbharan eadar-dhealaichte. MLAN 3-13a	'S urrainn dhomh barrachd a sgrìobhadh air raon nas fharsainge de chuspairean, ann an diofar chruthan, a' cleachdadh measgachadh de structaran, thràthan is de fhacail ceangail. MLAN 4-13a
	'S urrainn dhomh cànan air a bheil mi eòlach a chleachdadh airson cunntas a thoirt orm fhìn, agus airson fiosrachadh simplidh a thoirt seachad. MLAN 2-13b	'S urrainn dhomh mo bheachdan a chur an cèill agus adhbharan simplidh a thoirt seachad air an son. MLAN 3-13b	'S urrainn dhomh sgrìobhadh mu rudan a thachair dhomh, m' fhaireachdainn agus mo bheachdan, agus adhbharan a thoirt seachad air an son. MLAN 4-13b
Cleachdadh fiosrachadh mu chànan	Chleachd mi m' eòlas mu chànan agus slatan-tomhais coileanaidh airson mo chuideachadh, agus 's urrainn dhomh dèanamh cinnteach gun sgrìobh mi facail agus abairtean as aithne dhomh gun mhearachd. MLAN 2-14a	'S urrainn dhomh measadh dè cho ceart agus a tha mo sgrìobhadh, a' cleachdadh m' eòlas air cànan, taic dhaoine eile agus stuthan-taic freagarrach, nam measg slatan-tomhais coileanaidh. MLAN 3-14a	'S urrainn dhomh m' eòlas mu chànan a chleachdadh, a' gabhail a-steach structar, litreachadh agus puingeachadh, a' cur slatan-tomhais coileanaidh gu feum airson dèanamh cinnteach dhomh fhìn gu bheil mo litreachadh ceart. MLAN 4-14a

Eàrr-ràdh – Mìneachaidhean

Èisteachd airson fiosrachadh

'S e an t-amas san sgil seo aig an dàrna h-ìre gum bi comas aig daoine òga raon bunaiteach de dh'abairtean a thuigsinn, co-cheangailte ri fiosrachadh pearsanta agus ri stiùiridhean san t-seòmar-teagaisg (cànan eòlach) agus gum faigh iad tlachd à èisteachd ri sgeulachd, òran no dàn. Dh'fhaodadh gum feum iad èisteachd grunn thursan airson am fiosrachadh a tha a dhìth orra fhaighinn, a rèir dè cho luath agus cho soilleir 's a tha an neach-labhairt a' bruidhinn. Bu chòir dhaibh a bhith mothachail do mar a bhios daoine a' bruidhinn ri chèile an dà chuid gu foirmeil agus gu neo-foirmeil.

Èisteachd agus labhairt ri daoine eile

Aig gach ìre, bidh daoine òga a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean (me MLAN 2-02a/MLAN 2-03b), ann an suidheachaidhean co-obrachail / gnothachail (me MLAN 2-05b) agus ann an taisbeanaidhean (me MLAN 2-06a/MLAN 2-06b), le cothrom cuideachadh iarraidh mar a bhios feum air (me MLAN 2-04a), a' dèanamh cinnteach gu bheil am fuaimneachadh ceart chun na h-ìre gun tuig fileantach foighidneach e. (me MLAN 2-07b).

'S e an t-amas aig an dàrna h-ìre gum bi comas aig daoine òga taisbeanadh goirid a dhèanamh mun deidhinn fhèin, pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean is ann an dèanamh gnothaich shimplidh, agus teacsa sìmplidh a leughadh a-mach. Cha bhi am fuaimneachadh aca an-còmhnaidh uile-gu-lèir ceart ach bidh a' bhrìgh soilleir.

Leughadh

Aig gach ìre, leughaidh daoine òga teacsa airson fiosrachadh a lorg agus a chleachdadh (me MLAN 2-08b), airson tuigse fhaighinn air cultaran eile, (me MLAN 2-09a) agus airson ùidh agus tlachd. (me MLAN 2-10a). Aig a' cheart àm, ionnsaichidh iad grunn ro-innleachdan leughaidh, a' gabhail a-steach faclair a chleachdadh, (me MLAN 2-11a), eòlas air Beurla agus 's dòcha cànanan eile as aithne dhaibh (me MLAN 2-11b/MLAN 2-11d) agus eòlas air cànan coimheach (me MLAN 2-11c).

'S e an t-amas aig an dàrna h-ìre gum bi comas aig daoine òga na prìomh phuingeann a thuigsinn ann an teacsa goirid sgrìobhte, ann an clò traidiseanta no gu h-eileagtronaigeach, agus gun urrainn dhaibh tarraing air raon de thaic leithid beag-fhaclair, liostaichean fhacail, taic cho-aoisean agus taic an tìdseir.

Sgrìobhadh

Aig gach ìre, bidh daoine òga a' sgrìobhadh airson cunntas a thoirt orra fhèin agus airson fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad (me MLAN 2-13b), a' fàs mothachail air cho mionaideach 's a dh'fheumas iad a bhith nuair a tha iad a' toirt seachad fiosrachadh ann an sgrìobhadh a thug iad seachad mar-thà ann an labhairt (me MLAN 2-14a).

'S e an t-amas aig an dàrna h-ìre gum bi comas aig daoine òga beagan sheantansan a sgrìobhadh mun deidhinn fhèin agus mu dhaoine eile, a' cleachdadh abairtean a tha iad air ionnsachadh a cheana agus, le cuideachadh o fhrèaman sgrìobhaidh, co-aoisean agus neach-teagaisg, gum bi iad a' sealltainn an eòlais air an t-siostam sgrìobhaidh sa chànan choimheach.

Mìneachadh air briathrachas a tha fosgailte do dhiofar mìneachaidhean

Tha am mìneachadh seo a' buntainn ris a h-uile ìre agus na builean uile far a bheil am briathrachas air a chleachdadh.

MLAN 4-01a 'air nach eil mi eòlach', 'nach aithne dhomh'

Tha seo a' gabhail a-steach cànan a bha aithnichte roimhe ach a tha air a chleachdadh ann an co-theacsa ùr no cànan ùr nach eil a' cur bacadh air an neach-èisteachd bho bhith a' tuigsinn brìgh agus prìomh phuingean an teacsa.

MLAN 4-02a 'nach eil a' leantainn pàtran àbhaisteach'

Tha an cànan 'àbhaisteach' a chionn 's gu bheil i air a h-ionnsachadh ach chan eil an còmhraidh 'a' leantainn pàtran àbhaisteach' anns an t-seadh gum faod cruth nan ceistean atharrachadh, mar a dh'fhaodas an t-òrdugh sa bheil iad air am faighneachd. Faodaidh cuideachd barrachd de cheistean fada a bhith ann a tha a' tarraing air fiosrachadh a tha aig an sgoilear a cheana.

MLAN 4-03a '... a' cleachdadh raon farsaing de structaran cànan ...'

Tha comas a dhol nas fhaide na abairtean slàn a chaidh ionnsachadh agus air diofar abairtean is thràthan a chleachdadh na phrìomh dhòigh air a bhith a' meas na h-ìre gu bheil an neach-ionnsachaidh a' coileanadh nan slatan-tomhais airson labhairt. Tha stiùireadh a thaobh na h-ìre a thathar a' sùileachadh airson labhairt aig Ìre 4 den SCQF ri fhaotainn bho SQA agus gabhaidh seo a chleachdadh mar phuing fiosrachaidh.

MLAN 4-05a

Ann an suidheachaidhean stèidhichte air dèanamh gnothaich, bidh comas aig daoine òga seirbheis fhaighinn (nuair a thathar thall thairis) agus seirbheis a thoirt seachad (aig an taigh).

Tha stiùireadh a thaobh na h-ìre a thathar a' sùileachadh airson dèanamh gnothaich aig Ìre 4 den SCQF ri fhaighinn bho SQA agus gabhaidh seo a chleachdadh mar phuing fiosrachaidh.

MLAN 4-06a

Bidh comas aig daoine òga bruidhinn airson ùine air cuspair a chaidh ullachadh, a' dol nas fhaide na an ìre bhunaiteach a thaobh susbaint agus a' sealltainn eòlas air structar.

Tha stiùireadh a thaobh na h-ìre a thathar a' sùileachadh mu choinneamh Òraid Ullaichte/Taisbeanadh aig Ìre 4 den SCQF ri fhaighinn bho SQA agus gabhaidh seo a chleachdadh mar phuing fiosrachaidh.

MLAN 4-09a

Tha an t-Eadar-lìon agus goireasan eile mar sin math airson eisimpleirean den t-seòrsa leughaidh seo, a dh'fhaodar an uair sin a chleachdadh airson cuideachadh leis na taisbeanaidhean labhairt (MLAN 4-06a) agus sgrìobhadh (MLAN 4-13b).

MLAN 2-10a, MLAN 3-10a, MLAN 4-10a

Faodaidh teacsa, air a labhairt no sgrìobhte, a bhith air fhaicinn mar mheadhan airson smuaintean, eòlasan, beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill. Tha teacsa air a dhèanamh nas dùbhланаiche agus nas iomadh-fhillte tro shusbaint, tro fhad, tro structar sheantansan làidir agus tro fharsaingeachd briathrachais agus gràmair.

Tha stiùireadh a thaobh na h-ìre teacsa a thathar a' sùileachadh aig Ìre 4 den SCQF ri fhaighinn bho SQA agus gabhaidh seo a chleachdadh mar phuing fiosrachaidh.

MLAN 4-13a

Bu chòir teagasg agus ionnsachadh feum a dhèanamh de na cothromam a tha ann airson sgoilearan a bhrosnachadh tron raon fharsaing de dhòighean a tha aca air dèiligeadh ri daoine eile, a' gabhail a-steach post-dealain, blogadh, agus sgrìobhadh stuth airson pod-chraoladh agus co-labhairtean bhidio.